



F U I L C H R I O S D,

AN AON

CHUNGAIDH LEIGHEIS EIFEACHDACH.



SE 'm peacadh briseadh lagha Dhé, 1 Eoin iii. 4 ; agus an nuair a bheir sinn fainear eò an Ti a's e a lagh air am bheil am peacadh 'n a bhriseadh, 's éigin gu 'm bi e soilleir gur e am peacadh an t-olc a's mò ; agus uime sin, is éigin gur e an ni a bheir air falbh e am beannachd a's mo. Dh' fhàilnich na h-uile nithe a thaobh na criche so a fhreagairt *ach fuil a chumhnaint shiorruidh*, Eabh. xiii. 20. Tha e gu cinnteach ro chiontach, agus cunnartach, agus diomhain, dùil a bhi ri maitheanas 'n ar peacaidhean, d'ar cogaisibh ciontach, o ni sam bith eile, oir is e so an t-aon mheadhon a dh' ulluich agus a shònraich Dia chum na criche sin. Tha peacaidhean air an gairm *oibre marbha*, do bhrìgh gu bheil iad a' toilltinn *bàis shiorruidh*, ni a's e tuarasdal cinnteach a' pheacaidh, Gal. iii. 10 ; Esec. xviii. 20 ; Rom. vi. 23. 'S e 'tha sinn gu thuigsinn leis a' choguis a bhi air a *glanadh o oibribh* [The Blood of Christ the only Effectual Cure.] **Gaelic 19.**

marbha, a choguis a bhi air a glanadh o'n chionta 'bha air a chruinneachadh trid eur an gnìomh a' pheacaidh, icnnas gu bheil neach a'faghail saorsa uaithe, le làn-mhaitheanas fhaotainn. 'S ann a chum peacadh a thabhairt air falbh o na ciontaich a bha fuil Chrìosd air a dòrtadh, Mat. xxvi. 28; Eabh. xi. 26; 1 Eoin iii. 4, 5; Gal. iii. 13. 'S i so a' chungaidh leighis uile fhoghainteach, a dh'ullaich Dia d'a dheadh thoil, agus do réir saibhreis a thròcair; agus tha i gu cinnteach éifeachdach do thaobh mòrachd na pearsa, neach a ta neo-chrìoch nach. Mar sin, bheir 'fhuil a tha luachmhor os cionn cainnte, gu bràth air falbh gach uile pheacadh, 1 Phead. i. 19; Eabh. viii. 12.

Fhuair an fhuil so maitheanas iomlan air son sluaigh mhòir nach 'eil neach sam bith comasach air àireamh, do na h-uile chinneachaibh agus threubhaibh, agus shluaghaibh, agus theangaibh, Taisb. vii. 9—14. Chaidh a dòrtadh air son an dream sin a tha (do thaobh nàduir) fo chumhachd Shàtain, Griomh xxv. 18; air son nan daoine cailte, Luc. xix. 10. Air an sonsan a bha gun neart gu urnaigh, gu Dia a ghràdhachadh, no gu ni sam bith a dheanamh; airson nan aingidh, air son nan daoine neo-dhiadhaidh, Rom. v. 6; air son cinn-fheadhna nam peacach, 1 Tim. i. 15. Seadh air son naimhdean Dhia fein, Rom. v. 10.

'S e 'n t-ughdarras a thug an Tighearn Iosa Crìosd fein d'a Abstoil an déigh 'aiseirigh o na marbhadh, iad a shearmonachadh na sgéil aoibhinn so—Rachaibh (ars' esan) air feadh an t-saoghail uile, agus searmonaichibh an soisgeul do gach creutair; ge b'è chreideas agus a bhaistear saorar e, ach ge b'è nach creid ditear e, Marc. xvi. 15, 16.

Do réir so, chuir iad an céill sìth trid 'fhola, a deanamh cinnteach na h-uile a chuala iad, trid ainm-san, ge b'è chreideas annsan gu'm faigh e maitheanas peacaidh, Gniomh x. 36, 42, 43, xiii. 38, 39. Nam bu chomasach sinn air fheòraich do gach seorsa pheacach a chaidh a shàbhaladh, agus a tha nis an neamh, cionnus a thainig iad an sin? theireadh iad gu 'n robh an t-iomlan d'an slàinte trid fola an Uain. Cionnus a thainig muinntir aingidh, mar tha daoine sanntach, luchd foireigne, am breugaire,

luchd mhionn, luchd neo-ghloine, luchd geur-leanmhuinn, an gaduiche, agus am misgear, gu bhi air an gabhail a steach do 'n àite naomh sin, gu bhi an làthair Iehobhah a tha gu h-iomlan glan? Mholadh iad saibhreas saor-ghràis trid na h-iobairt-réitich, agus theireadh iad—Ghràdhaich Iosa sinn, agus nigh e sinn o ar peacaidhean 'n a fhuil féin, Taisb. i. 5. Mharbhadh e, agus shaor e sinn do Dhia le 'fhuil fein, Taisb. v. 9. Bha ar trusgain air an nigheadh, agus air an deanamh geal ann am fuil ann Uain, Taisb. vii. 14.

'S e teagasg nan Abstol—*Is fìor an ràdh so, agus is fìu e air gach aon chor gabhail ris, gu'n d' thàinig Iosa Crìosd do'n t-saoghal a thèarnadh pheacach*, 1 Tim. i. 15. Feudaidh sinn uime sin a cho-dhunadh gu ceart nach feudar le neach ach muinntir do'n t-seorsa so comh-pàirt-teachadh de'n t-saorsa a dh'oibricheadh le Chrìosd. Agus feudaidh sinn a cho-dhunadh gu bheil an soisgeul air a chur an céill do'n pheacach, agus do'n duine neo-dhiadhaidh mar a tha e, agus gu bheil beannachdan an t-soisgeil r'an sealbhachadh gun airgiod agus gun luach. Peacach sam bith, ge b'e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor, Isa. lv. 1. Taisb. xxii. 17. Oir is tobar e air fhosgladh gu peacadh agus neo-ghloine ghlanadh air falbh, Sech. xiii. 1. 'S e so caoimhneas caomh Dhaibhidh, a' sruthadh o shaibhreas do-rannsachaidh a' ghràis, agus so gu h-iomlan co-fhregarrach r'a cheartas, agus ri uile bhuaidh-an an Uile chumhachdaich, Tit. iii. 4. Eph. i. 7. Rom. iii. 26. Luc. ii. 14.

Ach feudaidh e bhi gu'n abair am peacach: tha mi 'tabhairt fainear an Scriobtuir ag ràdh, gu'n robh fuil Chrìosd air a dòrtadh air son peacaich a thèarnadh, ach cionnas a tha mise gu thuigsinn am buin am beannachd so dhomhsa?

Ma chreideas tu, feudaidh tu bhi cinnteach as; is leatsa e co cinnteach 's a tha'n teachdaireachd o neamh fìor; oir tha focal an Tighearna 'g ar deanamh cinnteach, gur ann trid creidimh a tha slàinte, a chum gu'm biodh i tre ghràs, ionnas gu'm biodh an gealladh daingean do na h-uile a zhreideas, Eoin iii. 14, 15, 16, 36. Rom. iv. 16.—A chreideas, ciod? A chreideas an dà nì so:—

1. Gu'n d' thug Dia d'a mhor ghràdh a Mhac gu bàs fhulang air son pheacach, agus mar sin gu bhi 'n a Shlànuighear iomlan, agus gu'n d'rinn e gach nì a bha Dia ag iarraidh, agus a tha feumail do'n anam ; agus gur e Iosa o Nasaret an Criosd, Mac Dhé. Mar dhearbhadh air na ùrinnibh so, bheireamaid fainear a mhiorbhuilean, an guth o nèamh, a bhriathra féin air a' chrann, 'aiseirigh o na marbhaibh, 'àrdachadh gu deas làimh Dhé, agus toradh so,—dòrtadh a nuas an Spioraid Naiomh. Eoin xx. 31. 1 Eoin iv. 14, 15. Rom. x. 4, 6 ; gu 12 Eoin x. 25. Mat. xvii. 5. Eoin xix. 37 ; xvii. 4. Gnìomh ii. 32, 33. 1 Phead. i. 3, 21. Rom. i. 4.

2. *Agus anns an dara h-àite*, A chreideas gu bheil na rinn Criosd gu h iomlan saor air son na muinntir a tha gun neart, neo-dhiadhaidh, agus gun nì sam bith chum an deanamh taitneach do Dhia, Rom. iv. 5, v. 8.

An uair a tha na nithe sin air an tuigsinn, tha saorsa air a mealltuinn, cìod sam bith staid sam bheil neach 'g a fhaotainn féin. 'S ann an sin a tha 'chogais air a glanadh trid na h-iobairt réitich, no fuil Chriosd, Rom. v. 1.

Far nach 'eil saorsa, an sin tha fàilinn éigin ann an tuigsinn, agus ann an creidsinn na firinn so: (1.) 'S a' cheud àite an dara cuid, tha iad amharusnach 'eil gu leoir deanta freagarrach do staid a' pheacaich, nì a's e an t-aon nì as gun a chreidsinn gur e Iosa Criosd ; no, (2.) 's an *dara h-àite*, Tha iad fo amharus nach 'eil e saor, nì a's e mi-chreideas a thoirt do'n t-soisgeul, oir a ta sin a *rìs* agus a *rìs* 'g ar deanamh cinnteach, *gu'm bheil e saor do gach neach a chreideas*. Tha 'chuis soilleir, ma rinn Criosd an *t-iomlan* de na bha Dia ag iarraidh, agus air an bheil feum aig an anam, agus ma tha e air a chur an céill o Rìgh nèimh gu'm bheil e *iomlan saor*, mur 'eil saorsa agam trid so, 's éigin gur ann do bhrìgh 's nach 'eil mi 'g a chreidsinn ; nì a tha 'sruthadh o bhi aineolach a thaobh firinn an nì a tha air a chur an céill, oir gach nì a tha mi 'tuigsinn a bhi fìor, cha'n urradh mi gun a chreidsinn. Mar sin, 's e obair Spioraid Dé neach a theagasgus na nithe sin a thuigsinn a thugadh dhuinn gu saor o Dhia, 1 Cor. ii. 12.

Mar eisempleir: An robh thu ciontach de striop-

achas, gaduidheachd, misg, no ni gràineil sam bith eile? Ma tha thu a' tuigsinn an t-soisgeil, 's éigin gu bheil thu 'creidsinn gu'm bheil an deadh sgeul a tha ann freagarrach do d' staid, 1 Cor. v. 9, 10, 11.

Am bu chealgair thu ag aidmheil diadhachd? Tha e freagarrach do d' staid-sa. Am bheil thu ann an staid mhairbh, agus neo-tharbhaich ann ad inntinn, ionnus nach urrainn thu Dia a ghràdhachadh, no ni sam bith a dheanamh gu ceart? Tha'n Soisgeul ro fhreagarrach do neach ann ad staid-sa. Am bheil naimhdeas ann ad chridhe an aghaidh Dhé agus a shlighean? Thoir fainear, gu 'n robh fuil luachmhor Chrìosd air a dòrtadh air son naimhdean. Ann am beagan fhocal, mur urrainn dhuit ni sam bith a thabhairt leat an lathair an Tighearna, gu thu fein a dheanamh taitneach, no airidh air deadh-ghean Iehobhah, tha e fathast freagarrach do d' staid, oir tha e *iomlan saor*.

An uair a tha Spiorad Dhia a' teagasg neach sam bith gu bhi 'tuigsinn teachdaireachd shoilleir an t-soisgeil mu thiomchioll iobairt-réitich agus aiseirigh Chrìosd, an sin tha saorsa air a mealltuinn, an sin tha 'choguis air a glanadh gun dàil; an sin sguiridh am peacach de bhi ag amharc air son steidh-dòchais ann féin, oir tha e 'faicinn Iehobhah toilichte le iobairt 'aon ghin Mhic 'n a riochdsan. Tha so a' tabhairt air aghaidh gràidh do Dhia, agus do'n Tighearn Iosa Chrìosd air son a shlàinte mòire, agus air son ro-mheud a chaoimhneis agus a ghràidh iongantaich air a nochdadh anns an t-slàinte sin; 's e 'ni a leanas gu cinnteach uime sin, gu 'bheil eùl air a chur ri seirbhis a' pheacaidh, aoradh Mhamoin, agus càirdeas an t-saoghail so. 2 Cor. v. 14, 15; Rom. vi.; Mat. vi. 24. Seum iv. 4.

An uair a tha coguis duine sam bith air a glanadh o oibrìbh marbha, tha e air a ghairm gu seirbhis a dheanamh d'o n Fhear-shaoraidh, agus tha e air innseadh dha 'n a fhocal na th' aige ri dheanamh leis; agus tha e anns an àm cheudna, gu bhi air a bhrosnuchadh gu eud diadhaidh anns an t-seirbhis le gealladh Chrìosd, eadhon far am bheil e féin, gu'm bi a sheirbhiseach an ùine ghèarr, agus seilbhaichidh e a' ghlòir sin uile ann an onoir, agus ann an

neo-bhàsmhorachd, a tha aig deas-làimh Dhia gu bràth. Eoin xii. 26. Taisb. xxi. 4, 23.

Ach (a deir neach éigin) cha'n'eil mise a' mothachadh gràidh do Dhia, agus d'a phobull; agus as eugmhais sin, cionnus a dh' fheudas mi dùil a bhi agam ri saorsa o fhuil Chrìosd, oir far nach eil gràdh, cha'n'eil éifeachd ann an ni sam bith?

Bha fuil Chrìosd air a dòrtadh air son nan daoine neo-dhiadhaidh, agus uime sin, cha'n'eil ar gràdh-ne do Dhia, air dòigh air bith a' co-oibreachadh ann a bhi 'faotainn duinn maitheanas peacaidh. Agus air do choimhlionadh lagha naomh Dhé a bhi air fhilleadh ann an gràdh, Mat. xxii. 37—48; nam biodh ar gràdh-ne do Dhia roimh fhìreanachadh, agus mar sin feumail a chum ar fireanachadh, an sin dh'fheudadh briathran an Abstoil a bhi air an cur an neo-bhrìgh, far am bheil e ag ràdh, *Cha bhi feoil air bith air a fireanachadh 'n a fhianais-san tre oibrìbh an lagha: oir is ann tre an lagh a ta eòlas peacaidh*, Rom. iii. 20, 28. Ach bha fuil Chrìosd air a dòrtadh a chum a' chogais a ghlanadh o'n chionta mhòr so, eadhon o fhuath do Dhia, neach a ta, ann tomhas neo-chrìochnach, airidh air ar gràdh as mò. Fhuair e dhuinn maitheanas air son a' pheacaidh sin mar an ceudna, agus an urradh mi gun ghràdh a thabhairt dhàsan a ghlanas mi o'n chionta sin, eadhon o bhi falamh de ghràdh?

An uair a tha so air a thuigsinn, fadaidh e ann ad chridhe gràdh do Dhia agus d'a phobull, m'n robh thu roimhe aineolach, agus bheir e air aghaidh *aithreachas* fìor air son do pheacanna. Eoin v. 1. Sech. xii. 10.

Ciod a ni mi air a shonsan a nochd a leithid do ghràdh iongantach agus do chaoimhneas? Tha mi 'nis a' faicinn far an do mheudaicheadh am peacadh, gur ro mhò a mheudaicheadh gràs, Rom. v. 20. Tha mi 'faicinn gu'm bheil an obair a chrìochnaich Chrìosd freagarrach do m' dhearbh staid-sa, neo-dhiadhaidh agus ciontach mar a tha mi a nis annam féin; agus ma chuireas mi'n teagamh gu bheil an t-slàinte saor, tha mi 'toirt mi-chreideis do shoisgeul Dhia. O gu ma beannaichte gu robh Dia air son tiodhlac Mìc a ghràidh! Chuidich e leamsa, peacach gràineil, ann am staid iosail agus chailte. Tha

mi 'nis a' faicinn gu bheil an gràs a dh' fhoillsicheadh anns an iobairt-réitich uile-fhoghainteach air mo shon. Tha'n fhuil luachmhor so a'glanadh mo chogais o chionta; *tha i 'g am fhìreanachadh, tha i 'g am shàbhalaadh.* Tha mi 'nis a' faicinn ann an Crìosd an ni a bha roimhe dùil agam fhaotainn annam fein. Tha fios agam co cinnteach 's a tha focal Dhia fìor, ge do rinneadh mòran nan peacaich *trid eas-umalachd aon duine*, (eadhon Adhamh) *gidheadh trid umalachd aon duine*, (Immanuel, Iosa Crìosd) *gu 'n deanar mòran 'n am fireanaibh*, Rom. v. 19. Tha mi lan-chinnteach gu bheil gach ni air am bheil feum aig m' anam r'a fhaotainn ann am Urras glòrmhor, agus gu bheil e uile saor.

'S i 'n t-slàinte mhòr so mo mhuinghin agus m' earbsa uile, ré aimsir mo chuairt. Theid mi air m' aghaidh ann neart an Tighearna Dia, agus *ni mi luaidh air fhìreantachd, eadhon air fhìreantachd-san a mhàin* Salm lxxi. 16. (Gal. vi. 14.) Feoraicheam cionnas a ghluaiseas mi o so suas, ciod a ni mi chum esan a ghlòireachadh, a rinn nithe co mòr air mo shousa? 'S e durachd mo chridhe bhi umhal.

Tog an crann-ceusaidh, Mat. xvi. 24, agus lean Crìosd, le bhi 'coimhead nan uile nithe a dh' àithn e, Mat. xxviii. 19, 20. Eoin xv. 12—14. Imich a mach d'a ionnsuidhsan an taobh a muigh de'n champ, a'giulan a mhaslaidhsan, Eabh. xiii. 13. Bi a' sior leanmhuinn eisimpleir a' chaoimhneis a nochdadh dhuitse, le bhi maitheadh do d' chomh-pheacaich, Mat. xviii. 21—35; Col. iii. 13; a' gràdhachadh agus a' deanamh maith do d' naimhdean, Luc. vi. 35. Ceangail thu fein ris na deisciobuil, agus buanaich gu seasmhach maille riu ann an teagasg nan Abstol, agus ann an co-chomunn, agus ann am briseadh arain, agus ann an urnuighibh, o'n àm so mach do ghnàth, Gniomh ii. 42.

Mar so, trid a bhi 'cumail gu daingean creidimh, Chrìosd mar t'àrd-Shagart a rinn réite eadar t'anam agus Dia, agus a tha nis a' deanamh eadar-ghuidhe, l Eoin i. 7, 11; Eabh. vii. 24—28; agus o ghràdh do Chrìosd, a' toirt fainear nan nithe so, mealaidh tu comhfhurtachd an Spioraid naoinh, Eoin xiv. 14, 15; ni thu do ghairm

agus do thaghadh cinnteach, 2 Phead. i. 5, 12 ; agus bidh do dhearbhadh a' meudachadh, nach e t'aoibhneas aoibhneas a' chealgair, agus gu'm bi do lòchran air f haotainn a' lasadh gu dealrach an uair a thig am fear-nuadh-pòsda.

Leugh na Scriobtuirean a tha 'n so air an ainmeachadh, gu ro-churamach, a' cuimhneachadh gu bheil an Scriobtur uile air a dheachdadh le Spiorad Dé, agus gu bheil e tarbhach a chum teagaisg, a chum oilein ann am fireantachd : a chum gu'm bi òglach Dhé coimhionta, làn-dheas a chum gach uile dheadh obair.



LONDON : THE RELIGIOUS TRACT SOCIETY,
 56 PATERNOSTER ROW, 65 ST. PAUL'S CHURCHYARD, 164 PICCADILLY.
 MANCHESTER : CORPORATION STREET. BRIGHTON : WESTERN ROAD.
 [Price 2s. per 100.]